

# Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan



Stiùireadh  
Obrachaidh  
Nàiseanta  
2023

Stiùireadh do cheannardan-sgoile agus luchd-cleachdaidh

# Clàr-innse

Dè a tha ann an Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan (PEF)?	1
Prìomh Phrionnsabalan	3
Tabhartasan Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan	5
Cleachdadh Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan	6
Mearachdan tuigse	8
Puingean a thaobh PEF a chleachdadh	9
Planadh	13
Cunntachalachd	18
Aithris mu Bhuidh	21
Buidh agus Builean	22
Goireasan	23

# Dè a tha ann an Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan?

Is e Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan (PEF) maoineachadh a bharrachd a bheirear gu dìreach do sgoiltean agus a tha ag amas air a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh. Tha Riaghaltas na h-Alba air a' mhaoin seo a ghealltainn mar phàirt de phrògram Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba (SAC) bho 2017/18 gu 2025/26. Bheir an tasgadh seo barrachd cumhachd do cheannardan-sgoile agus Riaghaltas Ionadail gus an rùintean a choileanadh a thaobh builean a leasachadh airson clann agus daoine òga fo bhuaidh bochdainn.


Is e Ionmhas Co-ionannachd Sgoilear pàirt de [Mhaoin Coileanaidh na h-Alba \(ASF\)](#).



Is e amas Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba:

foghlam a chleachdadh gus builean nas fheàrr fhaighinn do chloinn is do dhaoine òga fo bhuaidh bochdainn, le cuideam air dèiligeadh ris a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn.





Tha an stiùireadh nàiseanta seo airson sgoiltean a chuideachadh le planadh ciamar a chleachdas iad an tabhartas bhon Ionmhas Co-ionannachd Sgoilear gu h-èifeachdach agus gu h-iomlan gus piseach a thoirt air builean foghlaim aig clann fo bhuaidh bochdainn. Thathas a' comhairleachadh ùghdarrasan ionadail stiùireadh co-phàirteach sònraichte a thoirt seachad mu ciamar a dh'obraicheas am maoinachadh gu h-ionadail.



# Prìomh Phrionnsabalan

- Bu chòir beachdachadh air an stiùireadh seo còmhla ri [Frèam Dùbhlán Coileanaidh na h-Alba airson Ath-bheothachadh](#) agus [Frèam Dùbhlán Coileanaidh na h-Alba airson Ath-bheothachadh agus Luathachadh Adhartais agus Modail Loidsig Dùbhlán Coileanaidh na h-Alba](#).
- Gheibh ceannardan-sgoile cothrom air làn shùim na sgoile den Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan agus bu chòir dhaibh obrachadh ann an com-pàirteachas le chèile, agus leis an ùghdarras ionadail aca, gus aontachadh mu chleachdadh ionmhais. Cha bu chòir do dh'ùghdarrasan ionadail 'top slice' a dhèanamh air Ionmhas Co-ionannachd Sgoilear. Bu chòir cosgaisean corporra sam bith a bharrachd a bhith reusanta, co-rèireach, agus air an dèanamh ann an co-chomhairle le, agus le aonta, cheannardan-sgoile.
- Feumaidh Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan leigeil le sgoiltean gnìomhan, dòighean-obrach no goireasan a libhrigeadh a tha gu soilleir a bharrachd air planaichean coitcheann leasachadh ionadail.
- Bu chòir do luchd-teagaisg, pàrantan agus luchd-cùraim, clann agus daoine òga agus luchd-ùidh eile a bhith gu brioghmhor an lùib chùisean tro na pròiseasan planadh, buileachadh agus measadh dhòighean-obrach. Bu chòir seo a bhith a' gabhail a-steach clann agus teaghlaichean air fad fo bhuaidh bochdainn, a' gabhail a-steach an fheadhainn far am feumar beachdachadh air dòighean conaltraidh eile.
- Bu chòir gum faigh sgoiltean cothrom air comhairle leantainneach bho sgioba Comhairliche Coileanaidh gus builean leasaichte a mheudachadh do chloinn agus daoine òga mar thoradh air Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan. Faodaidh Comhairlichean Coileanaidh a bhith bunaiteach ann a bhith a' cuideachadh le deagh chonaltradh eadar ceannardan agus le bhith a' sgaoileadh a' chleachdaidh as fheàrr, agus a' toirt seachad stiùireadh air planadh, cur an sàs, agus measadh èifeachdach air eadar-theachdan ann an sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus Caidreachasan Leasachaidh Roinneil.
- Feumaidh ionmhas taic chuimsichte a thoirt do chloinn agus daoine òga (is an teaghlaichean ma tha e iomchaidh) fo bhuaidh bochdainn gus an làn chomas a ruighinn, a' cuimseachadh air piseach cuimsichte ann an litearrachd, àireamhachd agus slàinte is sunnd.
- Ged a bheirear Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan seachad a rèir clàradh biadh sgoile an-asgaidh, faodaidh ceannardan am breithneachadh proifeasanta a chleachdadh gus clann a chomharrachadh nan sgoil a dh'fhaodadh buannachd fhaighinn bho eadar-theachdan agus dòighean-obrach cuimsichte, leis an amas a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh.
- Feumaidh sgoiltean aire a thoirt do dhleastanasan reachdail an ùghdarras airson leasachadh foghlaim a libhrigeadh, an luach as fheàrr fhaighinn, agus àite an ùghdarras mar fhastaiche. Minichidh Stiùireadh Ionadail nas mionaidiche ciamar a dh'obraicheas seo. Tha obair nan seirbheisean nas fharsainge a bheir taic do chloinn is daoine òga agus an teaghlaichean cudromach a thaobh taic a thoirt do dheisealachd sgoilearan a bhith ag ionnsachadh. Tha co-obrachadh thar sheirbheisean deatamach ann a bhith a' dèiligeadh ris a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn.

# Prìomh Phrionnsabalan (ra.)

- Bu chòir obair Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan a bhith an lùib nan cleachdaidhean planaich a tha ann mar-thà, leithid tro Phlanaichean Leasachaidh Sgoiltean agus aithisgean Inbhean is Càileachd no an samhail de dh'aithris, ma tha e iomchaidh, le gach tè ri fhaotainn gu furasta do luchd-ùidh. Feumaidh seo soilleireachd a thoirt do luchd-ùidh ciamar a chleachdar Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan agus a' bhuidh a thathar a' sùileachadh.
- Feumaidh ceannardan feallsanachd shoilleir ullachadh airson am maoinachadh a chleachdadh, stèidhichte air sgrùdadh làidir de dh'fhiosrachadh buntainneach ann an co-theacsa, a nochdas na beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn nan sgoiltean agus nan coimhearsnachdan ionnsachaidh agus feumaidh planaichean a bhith stèidhichte air fianais air na tha aithnichte a tha èifeachdach air piseach a thoirt air coileanadh agus leudachadh chothroman airson clann fo bhuidh bochdainn.
- Feumaidh planaichean a bhith aig sgoiltean bhon toiseach gus buaidh an ionmhais a mheas. Feumaidh na planaichean sin innse mu amasan soilleir rin coileanadh agus mar a thèid adhartas dhan ionnsaigh agus a' bhuidh air dùnadh na beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a mheas. Mas ann, leis a' mheasadh leantainneach seo, nach eil na planaichean a' coileanadh nan toraidhean a dh'iarrar, bu chòir na planaichean atharrachadh. Feumar beachdachadh air planaichean airson seasmhachd mar phàirt de seo.



# Tabhartas Ionmhas Co-ionannachd Sgoilear

## Dè an uiread agus a tha ann?

Gheibh bun-sgoiltean, àrd-sgoiltean agus sgoiltean sònraichte le maoinachadh poblach £1,225 ann an 2023/24 airson gach leanabh ann am BS1 gu AS3, neo an leithid, a tha clàraichte airson biadh sgoile an-asgaidh fo na riaghailtean nàiseanta. Tha na tabhartasan suidhichte thairis air ceithir bliadhna, a' toirt soilleireachd do phlanaichean ro-innleachdail a chuideachadh rè na h-ùine sin mar thaic do thasgadh iomlan agus èifeachdach de PEF.

Chithear na tabhartasan airson Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan 2023/24 an seo:

[Sgoiltean: Coileanadh sgoilearan: a' dùnadh na beàirn:](#)

## Ciamar a bheirear seachad e?

Bheirear Ionmhas Co-ionannachd Sgoilear do sgoiltean a rèir na mheasar de chloinn agus daoine òga ann an BS1-AS3 clàraichte airson biadh sgoile (FSM) an-asgaidh fo na riaghailtean nàiseanta. Chaidh tabhartasan 2023/24 obrachadh a-mach le Rannsachadh Beatha Fallaine 2020, a rinn sgrùdadh air na bha a' gabhail FSM bho 2020 agus dàta Cunntas-sluaigh nan Sgoilearan bho 2021 agus a tha bonntaichte air:

- An àireamh thuairmste de sgoilearan BS1-BS3 a bhiodh clàraichte airson biadh sgoile an-asgaidh (FSM) fo na riaghailtean nàiseanta. Rinneadh seo le bhith a' cleachdadh earrann nan sgoilearan clàraichte airson FSM ann am bun-sgoiltean ann an 2014 agus a' cur sin ri clàran sgoile 2021 airson BS1 gu BS3.
- An àireamh de sgoilearan BS4-BS7 agus AS1-3 a tha clàraichte airson FSM mar a mheasar a' cleachdadh àireamhan clàraidh an Rannsachadh Beatha Fallaine 2020 agus clàran sgoile Cunntas-sluaigh nan Sgoilearan 2021.
- An àireamh thuairmste de sgoilearan sgoile sònraichte ann an raon aoise BS1-AS3 clàraichte airson FSM a' cleachdadh an aon dòigh.

- Cleachdaidh an dòigh cunntaidh àireamhan clàran Rannsachaidh Beatha Fallaine 2018 airson Ghlaschu, agus irean 2019 airson Inbhir Chluaidh agus sgoiltean air an taghadh ann an Siorrachd Àir a Deas, gus buaidh sam bith a lughdachadh bho atharraichean ann an airidheachd air biadh sgoile an asgaidh.

Cha bu chòir cleachdadh FSM mar comharra de dh'fheum a bhith a' ciallachadh gum feumar an t-ionmhas a chleachdadh ann an dòigh ro chumhang no reachdail. Bu chòir do cheannardan-sgoile an comas breithneachaidh proifeiseanta a chleachdadh nuair a bhios iad a' co-dhùnadh ciamar a chuimsichear airgead gus na builean as fheàrr fhaighinn do chloinn agus daoine òga fo bhuidhneachd bochdainn nan sgoiltean agus nan coimhearsnachdan.

Pàighidh an Riaghaltas maoinachadh 2023/24 do ùghdarrasan ionadail tro thabhartas air a shònrachadh a dh'innseas gu soilleir na suimean a bu chòir a thoirt gu dìreach do gach sgoil. Bidh uallach air ùghdarrasan ionadail airson cùisean a chur air dòigh airson gum faigh sgoiltean cothrom air an airgead.



# Cleachdadh Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan

## Ciamar a ghabhas a chleachdadh?

Ged a tha an t-airgead ga thoirt do sgoiltean a rèir clàradh biadh sgoile an-asgaidh de sgoilearan ann am BS1-AS3, faodaidh ceannardan-sgoile agus luchd-teagaisg co-dhùnidhean a thaobh cò a' chlann agus daoine òga as motha a gheibheadh buannachd bho eadar-theachd no dòigh-obrach shònraichte, agus aig an aon àm a' cuimseachadh air libhrigeadh co ionannachd tro bhith a' leasachadh bhuilean do sgoilearan fo bhuidh bochdainn.

Faodaidh sàr thràth-ionnsachadh agus cùram chloinne (ELC) diofar mòr a dhèanamh ann am beatha chloinne agus an deisealachd leantainneach ionnsachadh, gu h-àraid nuair a tha iad a' fàs suas ann an suidheachadh bochda. Tha fianais shoilleir ann gu bheil taic sna bliadhnaichean as tràithe deatamach gus dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig gach leanabh air ionnsachadh agus fàs. Mar sin gabhadh Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan a chleachdadh gus taic a thoirt do ghluasad sgoilearan eadar suidheachaidhean ELC – leithid sgoiltean-àraich – agus bun-sgoiltean. Mar eisimpleir, is dòcha gun gabh an taic seo a chleachdadh gus am bi sùbailteachd a bharrachd ann airson tachartasan inntigridh a bhios a' ciallachadh gum faigh sgoilearan is teaghlaichean fo bhuidh bochdainn a gheibh ELC ann an suidheachaidhean san roinn phrìobhaideach agus san treas roinn cothrom air frithealadh. Cha bu chòir maoinachadh a chleachdadh ann an dòighean a nàiricheadh clann agus daoine òga no am pàrantan agus an luchd-cùram.

Bu chòir an t-ionmhas a chleachdadh airson ghoireasan, gnìomhan agus modhan-obrach cuimsichte iomchaidh do sgoilearan fo bhuidh bochdainn, agus a dh'adhbharaicheas leasachaidhean ann an litearrachd, àireamhachd agus a bheir taic do shlàinte is sunnd, Bidh ceannas; ionnsachadh 7 teagasg; agus teaghlaichean is coimhearsnachdan fhathast mar rianadairean air am bu chòir smaoineachadh nuair a bheachdaichear air eadar-theachdan agus dòighean-obrach.

Faodaidh ceannardan obair aig ìre sgoil fa leth agus coimhearsnachd ionadail, a' gabhail a-steach clann is daoine òga is an teaghlaichean, no gu proifeiseanta ann an cruinneachaidhean sgoile nas fharsainge agus nas fhaide às aig ìre ùghdarrasan ionadail agus caidreachasan leasachaidh roinneil gus coimhead ri cuspairean coitcheann. Is dòcha gum feum sgoiltean sònraichte beachdachadh air mar a tha iad ag obair thairis air na coimhearsnachdan sgoile aca oir dh'fhaodadh gum bi clann bho air feadh na sgìre comhairle a' frithealadh an sgoiltean.

Bu chòir beachdachadh air ciamar a dh'obraicheas an sgoil còmhla ri com-pàirtichean coimhearsnachd taobh muigh foghlaim gus amasan agus builean aontaichte a libhrigeadh. Bu chòir beachdachadh air eadar-theachdan agus dòighean-obrach ann an co-theacsa cuairt leasachaidh na sgoile agus feumar an cuimseachadh air dùnadh na beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn. Far a bheil e iomchaidh, bu chòir ionmhas togail air planaichean Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba a' cleachdadh an [Fhrèam-obrach airson Ath-bheothachadh agus Luathachadh Adhartais](#).



# Cleachdadh Ionmhas Co-ionannachd Sgoilear (ra.)

Is dòcha gum bi ceannardan-sgoile cuideachd airson beachdachadh air na lasachaidhean agus molaidhean anns an [Sgrùdadh Co-ionannachd](#) agus [Dùnadh na beàrn coileanaidh ceangailte ri bochdainn: Aithris mu adhartas 2016-2021](#) a dh'fhoillsicheadh ann an 2021 agus [Co-ionannachd: A' coimhead a-steach, a-mach is air adhart – a' sgaoileadh cleachdadh èifeachdach gus taic a mheudachadh airson luchd-ionnsachaidh agus luchd-foghlaim](#) a chaidh fhoillseachadh ann an 2022.

Bu chòir do na trì cinn de dh'ionnsachadh agus teagasg; ceannas; agus teaghlaichean is coimhearsnachdan cruth a chur air dòighean-obrach ionadail.

Bu chòir do cheannardan-sgoile an comas-breithneachaidh a chleachdadh nuair a bhios iad a' co-dhùnadh cò na sgoilearan a gheibh buannachd bho Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan, a bharrachd air còmhradh ri luchd-teagaisg, nuair a bhios iad a' co-dhùnadh dè na dòighean-obrach a bheireadh a' bhuaidh a bu motha dha cloinn agus dhaoine òga fo bhuaidh bochdainn. Bidh na còig prìomh chomharran a leanas cuideachdail agus bu chòir beachdachadh orra.

- Coileanadh
- Frithealadh
- In-ghabhail
- Conaltradh
- Com-pàirteachadh



# Mearachdan tuigse

## ***“Chan fhaigh ach clann a gheibh FSM buannachd bho Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan”***

**Ceàrr.** Ged a tha maoinachadh stèidhichte air clàradh sgoilearan airson biadh sgoile an-asgaidh ann am BS1-AS3 cha fheum seo a bhith a’ dùnadh a-mach clann agus daoine òga nach eil air a’ chlàr. Faodaidh ceannardan-sgoile a bhith sùbailte nuair a bhios iad a’ co-dhùnadh cò a’ chlann agus daoine òga a gheibh buannachd bhon mhaoin.

## ***“Faodar cuibhreannan nach deach a chosg a thoirt air adhart gus cleachdadh le tabhartas na ath-bhliadhna.”***

**Ceàrr.** Cha ghabh Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan a thoirt air adhart chun na h-ath bhliadhna acadaimigich ach ann an suidheachaidhean sònraichte le aonta follaiseach bho ùghdarrasan ionadail. Faodaidh Comhairlichean Coileanaidh comhairle agus stiùireadh a thoirt seachad mu bhith a’ dèanamh cinnteach gun cleachdar Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan gu h-iomlan agus gu h-èifeachdach.

## ***“Feumar Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan a chosg air eadar-theachdan a-mhàin”***

**Ceàrr.** Bu chòir beachdachadh air eadar-theachdan agus dòighean-obrach ann an co-theacsa cuairt leasachaidh na sgoile agus feumar an cuimseachadh air dùnadh na beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn. Faodaidh na dòighean-obrach sin a bhith a’ gabhail a-steach eadar-theachdan, luchd-obrach agus ICT, a chuidicheas le bhith a’ dùnadh beàrn chomharraichte taobh a-staigh prìomhachas leasachaidh na sgoile air fad a’ cleachdadh ionmhas no goireas a bharrachd.

## ***“Cha chuirear taic ri fianais airson eadar-theachdan agus dòighean-obrach a’ cleachdadh Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan ach le dàta na sgoile a-mhàin”***

**Ceàrr.** Cuirear fàilte air cleachdadh dàta sgoile agus coimhearsnachd ionnsachaidh. Feumaidh ceannardan-sgoile argamaid shoilleir ullachadh airson an t-ionmhas a chleachdadh, stèidhichte air sgrùdadh làidir air a’ bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn nan sgoiltean agus nan coimhearsnachdan ionnsachaidh. Feumaidh planaichean a bhith stèidhichte air fianais air na tha aithnichte a bhith èifeachdach air piseach a thoirt air coileanadh cloinne fo bhuidh bochdainn.

## ***“Chan eil Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan ann gus taic a thoirt do chloinn a tha comharraichte le Feumalachdan Taic a Bharrachd (ASN)”***

**Ceàrr.** Seallaidh rannsachadh an ceangal eadar bochdainn agus feuman taic a bharrachd. Ma tha leanabh fo bhuidh bochdainn, tha iad nas dualtaich a bhith air an comharrachadh feumach air taic a bharrachd. Faodar maoinachadh amas air taic do chloinn a tha fo bhuidh bochdainn agus air an comharrachadh feumach air taic a bharrachd.



# Puingean a thaobh PEF a chleachdadh

**Nuair a chleachdar am Frèam airson Ath-bheothachadh agus Luathachadh Adhartais gus eadar-theachdan a chur an sàs, bu chòir do Cheannardan-sgoile agus luchd-teagaisg feart a thoirt cuideachd air prìomh liosta de phuingean gus an t-ionmhas a chleachdadh.**

**Bu chòir dhaibh cuideachd beachdachadh air ciamar a chuireas planaichean airson cleachdadh Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan taic ris na sia prìomh sheòrsaichean teaghlach [a dh'ainmich Riaghaltas na h-Alba](#) mar an fheadhainn as motha a tha ann an cunnart bochdainn chloinne fhulang:**

- Teaghlach le aon phàrant
- Teaghlach mion-shluaigh
- Teaghlach le inbheach neo leanabh ciorramach
- Teaghlach le màthair òg (fo 25)
- Teaghlach le leanabh fo aon bhliadhna a dh'aois
- Teaghlach nas motha (3+ clann)

## Cur an aghaidh Buidh Bochdainn

Is e cur an aghaidh buidh bochdainn prìomh amas a rèir rùn Dùbhlain Coileanadh na h-Alba, agus a chuireas taic ri planaichean an [Toiseach as Fheàrr, an Saoghal as Fheàrr aig Riaghaltas na h-Alba: planaichean libhrigidh dèiligeadh ri bochdainn chloinne 2022-26](#). Tha fios againn gun toir bochdainn droch bhuidh air cor theaghlachan, leis an droch bhuidh a' fàs nas miosa mar as seasmaiche agus as doimhne a dh'fhiosraichear. Le sin, cuidichidh strì an aghaidh bochdainn sinn, gus builean nas fheàrr fhaighinn do phàrantan agus luchd-cùraim, agus gu h-àraid, diofar fad beatha a dhèanamh do chloinn agus daoine òga – gar cuideachadh gus dèanamh cinnteach gur i Alba an t-àite as fheàrr air an t-saoghal airson fàs suas. Mar sin, bu chòir beachdachadh air Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan a chleachdadh gus taic a thoirt do theaghlachan agus clann taobh a-muigh na sgoile – leithid ghniomhan a dh'fhaodadh cur ri teachd-a-steach teaghlachan agus lughdachadh chosgaisean, a' cleachdadh cheanglaichean làthaireil agus ùra tro sgoiltean agus buidhnean com-pàirteachais ma tha sin iomchaidh, gus an fheadhainn a tha feumach air taic a ruighinn.

Cuidichidh dèiligeadh ri cosgaisean là na sgoile gus toirt air falbh cnapan-starra airgid mu choinneamh ionnsachadh agus com-pàirteachadh do clann air teachd a-steach iosal agus tha e a' lùghdachadh cuideam air buidseatan teaghlach. Cuiridh cuimseachadh air cosgaisean là na sgoile ri co-ionannachd tro thuingse nas fheàrr air na cnapan-starra mu choinneamh sgoilearan agus teaghlachan fo bhuidh bochdainn agus ri cruthachadh phoileasaidhean agus chleachdaidhean a bheir feart air bochdainn.

Tha pròiseact Cosgais Là na Sgoile aig Buidheann Gniomha Bochdainn Chloinne (CPAG) ann an Alba a' tabhann ghoireasan agus taic do sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail gus modhan-obrach cosgaisean sgoile a chruthachadh, a' toirt a-steach coimhearsnachdan sgoile agus deagh chleachdadh ann a bhith a' lughdachadh chosgaisean, a' meudachadh teachd a-steach agus a' toirt taic do chloinn is theaghlachan le teachd a-steach iosal



Gheibhear na goireasan Cosgais Là na Sgoile (CoSD) gu lèir, a' gabhail a-steach Inneal Cosgais Là na Sgoile, filmichean agus beachdan:

- Air làrach-lìn CPAG  
<https://cpag.org.uk/cost-of-the-school-day>
- Gheibhear cùrsa e-ionnsachaidh Là na Sgoile do luchd-cleachdaidh an seo:  
<https://cpag.org.uk/cost-school-day-elearning-course>
- Cuiribh fios air an sgioba an seo  
[costoftheschoolday@cpagscotland.org.uk](mailto:costoftheschoolday@cpagscotland.org.uk).

Tha Foghlam Alba air eisimpleir a chruthachadh leis a' bhuidhe a bhiodh aig cleachdadh PEF gus dèiligeadh ri cosgais an là sgoile. Chomharraich Luchd-sgrùdaidh A Mhòrachd seo mar obair èifeachdach ann a bhith a' leasachadh cothromachd agus cosgais an là sgoile.

Tha fiosrachadh mu cosgais là na sgoile airson phàrantan cuideachd aig Fòram Phàrant Nàiseanta na h-Alba cuideachd –

[Cost of the School Day Parent Council Toolkit – National Parent Forum of Scotland \(npfs.org.uk\)](#)

## Co-ionannachdan

Seallaidh fianais gum faod bochdainn buaidh neo-chothromach a thoirt air cuid de chloinn is dhaoine òga bho bhuidhnean air na h-iomall agus mar sin gum faod bacaidhean mòra a bharrachd do ionnsachadh a bhith mun coinneamh. Tha uallach air ùghdarrasan ionadail dèiligeadh gu gnìomhach ri neo-ionannachd, agus tha tagradh airson cothromachd na dhleastanas co-roinnte do luchd-obrach, com-pàirtichean agus luchd-ùidh eile. Bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim beachdachadh air mar a thathar ag aithneachadh agus a' cur luach air ùidhean, eòlas, dearbh-aithne agus goireasan dhaoine òga agus choimhearsnachdan air an iomall (leithid an fheadhainn à mion-chinneadh no teaghlaichean le aon phàrant). Bu chòir beachdachadh cuideachd air claon-bhreith gun fhiosa, gu sònraichte a thaobh cò na beachdan ris an èistear agus mar a bheir iad buaidh air planadh PEF.

Anns a' cho-theacsa seo, bu chòir do cheannardan-sgoile beachdachadh air ceumannan a bharrachd a dh'fhaodadh a bhith riatanach gus a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh do sgoilearan a tha fo bhuaidh bochdainn a dh'fhuilingeadh ana-cothrom airson adhbharan eile. Mar eisimpleir, ana-chothrom co-cheangailte ri:

- feart dìonta (aois, ciorram, ath-shònrachadh gnè, pòsadh/com-pàirteachas catharra, torrachas agus màthaireachd, cinneadh, creideamh no feallsanachd, gnè agus taobhadh feise);
- feum a' ciallachadh taic a bharrachd a dhith orra;
- a bhith ann an cùram;
- le dleastanasan cùraim a bhith aca.

Bu chòir sgoiltean a bhith mothachail air a' cheangal eadar bochdainn agus feumalachdan taic a bharrachd. Ma tha leanabh fo bhuaidh bochdainn, tha iad nas dualtaich a bhith air an comharrachadh feumach air taic a bharrachd.

Bu chòir do sgoiltean beachdachadh air co-ionannachdan nuair a thathar a' comharrachadh prìomh adhbharan beàrnan coileanaidh – bu choir coimhead air dàta mu bhochdainn agus Clàr Ioma Bhochdainn na h-Alba an co-bhonn ri prìomh fheartan eile a' gabhail a-steach, ach gun a bhith cuibhrichte gu, gnè, cinneadh, ciorram, eòlas air cùraim, Siopsach Roma/neach-siubhail. Airson seo feumar sgaradh a dhèanamh air dàta a bhios ionadan foghlaim a' cruinneachadh mar thà mu na feartan sin.

## Fastadh

Bu chòir do luchd-obrach sam bith air am fastadh tro Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan (PEF) a bhith a bharrachd air na riataasan àbhaisteach. Far an aithnich sgoiltean gum feum iad luchd-obrach a bharrachd fhadstadh airson eadar-theachd no dòigh-obrach iomchaidh, bu chòir dhaibh obrachadh gu dlùth – agus aonta a ruigsinn leis – an ùghdarras ionadail (mar am fastaiche) gus dèanamh cinnteach gu bheil raointean agus sònrachaidhean na h-obrach ceangailte gu soilleir ri amasan an eadar-theachd no dòigh-obrach. Feumaidh ceannardan-sgoile làn aire a thoirt do phoileasaidhean agus mhodhan Goireasan Daonna ionadail agus gum faodadh cosgaisean luchd-obrach a bhith a' gabhail a-steach chan e a-mhàin tuarastail, ach cuideachd cosgaisean co-cheangailte nuair a thig luchd-obrach gu bhith maireannach leithid glèidheadh chosgaisean tuarastail, agus chosgaisean leithid peinnseanan, fòrladh tinneis, fòrladh màthaireil, agus cunnartan co-cheangailte ri neo-làthaireachd tro fhòrladh tinneis / fòrladh màthaireil / fàgail gu saor-thoileach / call dreuchd agus cuideachd cosgaisean trusaidh sam bith. Bu chòir do stiùireadh ionadail tuilleadh fiosrachadh soilleir a thoirt seachad mu na cosgaisean sin.

Feumaidh sgoiltean dèanamh cinnteach gu bheil cothrom cothromach ann air luchd-obrach a dh'fhastar tro Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan. Mar eisimpleir, bu chòir do chloinn no daoine òga fo bhuaidh bochdainn agus ann an ASN taobh staigh sgoiltean àbhaisteach cothrom na Fèinne fhaighinn air an taic a gheibhear tro Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan a fhreagras air am feuman.



## Solarachadh

Feumaidh ceannach ghoireasan, uidheamachd no seirbheisean cumail ris na cleachdaidhean solarachaidh a tha aig ùghdarrasan ionadail mar-thà. Bidh seo gu sònraichte cudromach nuair a cheannaichear goireasan Teicneòlas Fiosrachaidh is Conaltraidh (ICT) (faicibh gu h-ìosal) no, leithid seirbheisean bho chom-pàirtichean san treas roinn. Bu chòir do stiùireadh ionadail tuilleadh fiosrachadh soilleir a thoirt seachad mu na cosgaisean sin oir bidh iad eadar-dhealaichte thar nan ùghdarras ionadail.

## Cosgaisean Corporra

Bu chòir cosgaisean corporra sam bith a bharrachd co-cheangailte ri Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan a thig air ùghdarrasan ionadail, mar eisimpleir, co-cheangailte ri goireasan daonna, solarachadh, teicneòlas fiosrachaidh is conaltraidh, a bhith reusanta, co-rèireach, agus co-chòrdail ri dòigh-obrach ùghdarrasan ionadail airson an luach as fheàrr fhaighinn.

## ICT

Gabhaidh Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan a chleachdadh gus teicneòlasan didseatach fhaighinn, a' gabhail a-steach bathar-cruaidh is bathar-bog, far a bheil a riarachadh agus a chleachdadh gu sònraichte ag amas air taic a thoirt do chloinn agus daoine òga fo bhuidh bochdainn gus an làn chomas a ruighinn.

Is dòcha gum bithear airson beachdachadh an gabhadh PEF a chleachdadh airson innealan didseatach ann an 2023/24 no am biodh dòighean maoineachaidh eile na bu fhreagarraiche aig an ìre seo. Bu chòir dhuibh obrachadh gu dlùth le roinn IT ur n-ùghdarras ionadail mu cheannach sam bith ris a bheil dùil ann an teicneòlas didseatach.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt cothrom air raon de fhrèaman solarachaidh nàiseanta airson bathar agus innealan teicneòlas didseatach a cheannach a' gabhail a-steach raon de choimpiutairean-deasg, coimpiutairean glùine agus tablaidean. Nochdaidh na frèaman-obrach slighe dhìreach gu margaidh agus sàbhalaidhean mòra mu choinneamh Prìsean Reic Oifigeil (RRP). Gus stad a chur air trioblaidean co-fhreagarrachd agus ceangail, bu chòir do sgoiltean a dh'iarras teicneòlas didseatach a cheannach sin a dhèanamh le dlùth chomhairle le Roinn IT an ùghdarras ionadail aca.

Tuigidh sinn nach e dìreach ceannach barrachd teicneòlais a dh'adhbharaicheas builean nas fheàrr do luchd-ionnsachaidh. Mar sin, bu chòir cleachdadh teicneòlais sam bith ann an suidheachadh foghlaim a dhèanamh a rèir amasan na [Ro-innleachd Ionnsachadh is Teagasg Didseatach](#) agus planadh didseatach ionadail sam bith far a bheil sin riatanach, le planaichean soilleir a bhith aig sgoiltean bhon toiseach gus buaidh an ionmhais a mheas a thaobh a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh.

# Planadh

**Ged a chaidh Tabhartasan Ionmhas Co-ionannachd Ro-innleachdail aontachadh chun Mhàirt 2026 a' ciallachadh gun gabh cothroman a thoirt gu buil gus eadar-theachdan san fhad-ùine a bhuileachadh, cha ghabh Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan a thoirt air adhart chun na h-ath bhliadhna acadaimigich ach ann an suidheachaidhean sònraichte le aonta soilleir bho ùghdarrasan ionadail. Mar sin bu chòir beachdachadh gu faiceallach air eadar-theachdan san ùine ghoirid a chuireas taic ris an amas foghlam a chleachdadh gus builean nas fheàrr fhaighinn do chloinn is do dhaoine òga fo bhuidhneachd, le rùn dèiligeadh ris a' bheàrn coileanaidh ceangailte ri bochdainn.**

Tha e cudromach gun cleachdar Maoineachadh Co-ionannachd Sgoilearan gu h-èifeachdach agus gu h-iomlan airson na bliadhna ionmhais agus sgoile. Bu chòir tomhas math de dhearbhadh a bhith a dhìth mus beachdaichear air eadar-theachdan no cleachdaidhean iomlanach de dh'Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan nuair a bhios planadh a' dol mu dhòighean ro-innleachdail gus a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh. Dh'fhaodadh gum bi e feumail dòigh-obrach 'bhon mhullach' a chleachdadh a thaobh beachdachadh air eadar-theachdan – a' tòiseachadh leis an dòigh dhearbhte, as èifeachdaiche air dùnadh, mar eisimpleir, a' bheàrn litearrachd no àireamhachd. Bu chòir gun cleachd ceannardan-sgoile an cuid breithneachadh proifeiseanta is eòlas fhèin gus co-dhùnadh fiosraichte a ruighinn an fhiach an dòigh-obrach seo ann an suidheachadh na sgoile aca. Thig cothroman airson planadh nas èifeachdaiche ann an caitheamh airgid, fastadh agus leasachadh an cois dòigh-obrach san fhad-ùine le bhith a' cleachdadh Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan thar grunn bhliadhnaichean.

Gabhaidh taic a thoirt do phlanadh leis a' mhodail loidsig (a gheibhear mar sgrìobhainn taic don [Fhrèam airson Ath-bheothachadh agus Luathachadh Adhartais](#), a sheallas mar a dh'adhbharaicheas prògram atharrachadh. Cuidichidh modail loidsig an SAC le fiosrachadh a bharrachd a chur ri amasan prògram, agus taic a chur ri planadh, measadh, buileachadh agus conaltradh. Tha e a' gabhail a-steach builean a tha a' nochdadh an rùin, a tha a' gabhail a-steach bochdainn chloinne, coileanadh nas fharsainge agus cuideam nas motha air slàinte is sunnd agus taic teaghlach is coimhearsnachd.

Mar a dh'innsear san [Fhrèam airson Ath-bheothachadh agus Luathachadh Adhartais](#), bu chòir co-rèite a bhith eadar amasan a shuidhich sgoiltean airson piseach a thoirt air na builean do chloinn agus daoine òga fo bhuidhneachd agus amasan sinidh an ùghdarrais ionadail. Bheir ùghdarrasan ionadail seachad stiùireadh air mar a dh'fhaodas dòighean-obrach a thaobh cleachdadh Maoineachadh Co-ionannachd Sgoilearan aig ìre sgoile cur ri amasan ionadail. Bu chòir do phlanaichean sgoile fiosrachadh a chumail ri amasan sinidh an ùghdarrais ionadail agus bu chòir amasan ùghdarras ionadail nochdadh ann am planaichean sgoile mar phàirt de phròiseas co-obrachail da-fhillte.

# Planadh (ra.)

Feumaidh ceannardan-sgoile a bhith eòlach air poileasaidhean agus modhan-obrach ionadail – leithid a' Chòd Ionadail airson Riaghladh Corporra, Sgeamaichean Tiomnadh Ionadail, Dreuchd oifigear Earrann 95, poileasaidh Riaghladh Sgoile Tiomnaichte ionadail agus cearcall planaigh nan sgoil ionadail. Innsidh ùghdarrasan ionadail mu na poileasaidhean sin.

Rinneadh [Inneal Co-ionannachd na h-Alba](#) gus taic a thoirt do luchd-cleachdaidh nan obair agus dèanamh co-dhùnidhean le bhith a' toirt cothrom air farsaingeachd fianais, rannsachaidh agus cleachdaidh, agus gu h-àraid na cumhaichean a chuireas ri soirbheas a chomharrachadh ann an aon àite. Na lùib tha fiosrachadh cudromach a dh'fhaodadh a bhith cuideachail airson cnuasachadh no stiùireadh a thoirt gu cur an sàs agus seasmhachd ann an diofar shuidheachaidhean.

Tha [Uidheamachd Bunait Tochraidh \(EEF\) an Fhoghlaim](#) stèidhichte air fiosrachadh à suidhichidhean fìor a thaobh na thachair nuair a bhathas a' feuchainn cuid de dhòighean-obrach ann an sgoiltean roimhe seo. Chan eil an Uidheamachd a' cumail a-mach gu cinnteach dè dha-rìreabh a dh'obraicheas gus builean a leasachadh ann an sgoil shònraichte. An àite sin bheir e seachad fiosrachadh earbsach mu na tha dualtach a bhith buannachdail stèidhichte air fianais mu – 'an rud as coltaiche' a dh'fhaodadh obrachadh nur co-theacs fhèin.

Rinneadh goireas '[Eadar-thachdan airson Co-ionannachd](#)' mar thaic a thoirt do phlanadh agus cur an sàs modhan-obrach gus coinneachadh ri feumalachdan chloinne agus dhaoine òga fo bhuaidh bochdainn gus a' bheàrn coileanaidh a dhùnadh. Tha na h-eisimpleirean a thogadh mar bhrosnachadh airson meòrachadh nas fharsainge air na bhiodh iomchaidh do ur co-theacsa ionadail fhèin agus chan iad air chor sam bith na h-aon dòighean-obrach air am bu chòir beachdachadh.





## Prionnsabalan coitcheann airson planadh airson Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan taobh a-staigh Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba



### Co-obrachail:

Com-pàirt ghnìomhach a thoirt do chloinn, daoine òga, teaghlaichean, coimhearsnachdan, luchd-obrach agus com-pàirtichean sa phròiseas planaidh.



### Bonntaichte air fianais:

Tha planaichean stèidhichte air fiosrachadh agus tuigse shoilleir air co-theacsa choimhearsnachdan far an tèid an cur an gnìomh.

Bu chòir don fhiosrachadh seo a bhith a' gabhail a-steach: dàta ionadail 7 nàiseanta agus iomradh air rannsachadh a' gabhail a-steach Teòiridh Atharrachaidh SAC agus Modail Loidsig SAC.



### A' suidheachadh amasan àrd-mhiannach agus SMART:

Bu chòir amasan a bhith ciallach, comasach air tomhas, comasach air choileanadh, reusanta agus le clàr-ama. Feumaidh iad cuideachd a bhith àrd-mhiannach gu leòr gus amasan fad-ùine a choileanadh airson beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh.



### Adhartas a thomhas:

Feumar gum faigh tomhaisean SMART agus dàta bun-loidhne air adhartas a shealltainn a dh'ionnsaigh amasan. Bheir sgrùdadh agus measadh cunbhalach taic do luchd-obrach gus dèiligeadh ann an deagh àm ri eadar-theachdan nach toir deagh bhuaidh agus an atharrachadh.



### Luachadh:

Bu chòir amasan agus dòighean tomhais a bhith aig gach plana gus leigeil le stiùirichean innse gu soilleir an deach amasan a choileanadh.



### Pròiseasan barantas càileachd an sàs

gus taic a thoirt do ullachadh agus cur an sàs phlanaichean SAC. Faodaidh seo a bhith an dà chuid a-staigh no a-muigh, a' toirt a-steach co-obrachaidh no àrd-stiùirichean.

## Airgead nach caithear

Cha ghabh Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan a thoirt air adhart chun na h-ath bhliadhna acadaimigich ach ann an suidheachaidhean sònraichte le aonta soilleir bho ùghdarrasan ionadail. Mar sin cha bu chòir don chleachdadh seo a bhith àbhaisteach no a bhith na phàirt den phròiseas planaidh. Ged a tha tabhartasan Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan gan aontachadh gu Màrt 2026, agus le sin gun gabh cothroman a thoirt gu buil gus eadar-theachdan san fhad-ùine a chur an gnìomh, tha e cudromach gun tèid Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan a mheudachadh gu h-èifeachdach agus gu h-iomlan airson na bliadhna ionmhais agus sgoile seo. Mar sin bu chòir beachdachadh gu faiceallach air eadar-theachdan san ùine ghoirid a chuireas taic ris an amas foghlam a chleachdadh gus builean nas fheàrr fhaighinn do chloinn is do dhaoine òga fo bhuidheachdinn, le rùn dèiligeadh ris a' bheàrn coileanaidh ceangailte ri bochdainn. Thig cothroman airson planadh nas èifeachdaiche ann an caitheamh airgid, fastadh agus leasachadh an cois dòigh-obrach san fhad-ùine le bhith a' cleachdadh Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan thar grunn bhliadhnaichean.

Bu chòir do sgoiltean a bhith ag obair gu dlùth leis an ùghdarras aca gus aontachadh ri rèiteachaidhean airson am maoinachadh a thoirt air adhart a-steach don bhliadhna ionmhais ùir (agus, ann an suidheachaidhean sònraichte, a-steach don bhliadhna sgoile ùir). Bu chòir beachdachadh air Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan fa leth bho mhaoineachadh eile taobh a-staigh buidseat riaghlaidh sgoile tiomnaichte.

Bu chòir do cheannardan-sgoile [am Frèam airson Ath-bheothachadh agus Luathachadh Adhartais](#) a chleachdadh mar chuideachadh gus cumadh a chur air Planaichean Leasachaidh Sgoile airson plana làidir agus èifeachdach a choileanadh airson Maoineachadh Co-ionannachd Sgoilearan nach adhbharach fo-chaitheachas a b' urrainnear ro-innse. Bu chòir dhaibh obrachadh gu dlùth còmhla ri Comhairlichean Coileanaidh gus dèanamh cinnteach à planadh èifeachdach agus mar sin cothroman iomchaidh a chomharrachadh airson leasachadh agus gus a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh.









# Cunntachalachd

Bidh an ceannard sgoile cunntachail don ùghdarras ionadail airson cleachdadh Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan san sgoil aca. Bu chòir do sgoiltean co-chomhairleachadh agus conaltradh èifeachdach a dhèanamh le luchd-teagaisg, pàrantan agus luchd-cùraim, clann agus daoine òga agus a' choimhearsnachd san fharsaingeachd nuair a bhios iad a' cur an gnìomh dòighean-obrach agus a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh.

Tha dleastanas ceannardan sgoile gam mìneachadh anns an [Fhrèam airson Ath-bheothachadh agus Luathachadh Adhartais \(earrann 2.1\)](#). Tha iad cunntachail airson planadh ann an ùine agus aithrisean fhoillseachadh do luchd-ùidh iomchaidh a' gabhail a-steach pàrantan agus luchd-cùraim agus ùghdarrasan ionadail.



## Com-pàirtichean

Tha pàrantan agus coimhearsnachdan ionadail nan stòras luachmhor de thaic, eòlas agus fèin-fhiosrachadh a thaobh obair le daoine òga a tha a' fulang le bacaidhean ionnsachaidh co-cheangailte ri bochdainn. Ann am mòran cho-theacsan, gu h-àraid ann an sgìrean dùthchail, no le sgoilean sònraichte no ASN, dh'fhaodadh gum faigheadh sgoiltean gu na builean as fheàrr do chloinn is dhaoine òga le bhith ag obair le farsaingeachd bhuidhnean leithid:

- buidhnean phàrant
- comhairlean phàrant
- seirbheisean ùghdarras ionadail agus poblach eile (leithid ionnsachadh coimhearsnachd 7 leasachadh)
- buidhnean treas roinn (a' gabhail a-steach obair òigridh, buidhnean ionnsachaidh teaghlaich)
- roinnean foghlaim eile
- ionadan sàr-eòlais eile.

Cuidichidh tuigse air feumalachdan chloinne agus dhaoine òga gus àitichean iomchaidh a chomharrachadh airson co-obrachadh. Tha e cudromach gu bheil tuigse aig com-pàirtichean a bhios ag obair le sgoiltean air co-theacsa na coimhearsnachd agus na builean aontaichte a thig tron cho-obrachadh.

## Conaltradh le Daoine Òga is an Teaghlachan

Bu chòir clann agus daoine òga a bhith an sàs ann am pròiseas dòighean-obrach ionadail, agus cothrom a bhith aca gun cluinnear am beachdan agus gun toir iad buaidh air co-dhùnaidhean ionadail. Bu chòir seo a bhith a' gabhail a-steach clann agus teaghlachan air fad fo bhuidheachd bochdainn, a' gabhail a-steach an fheadhainn far am feumar beachdachadh air dòighean conaltraidh eile, agus clann ann an ASN agus ann an sgoiltean àbhaisteach.

Gheibhear taic a thaobh ciamar a leigear le cloinn agus dhaoine òga an guthan a thogail aig [Goireasan air ciamar a leigear le Òigridh guth a thogail ann am planadh agus measadh](#). Thog [Can Scotland Be Brave – Incorporating UNCRC Article 12 in practice](#) le Riaghaltas na h-Alba mar a chleachdar bratan labhairt gu h-èifeachdach gus dèanamh cinnteach gun cluinnear beachdan chloinne agus dhaoine òga le feumalachdan conaltraidh.

Is e aon dòigh-obrach shònraichte air am faod ceannardan-sgoile beachdachadh buidseatadh com-pàirteachail.

Is e Buidseatadh Com-pàirteachail (PB) dòigh ùr-ghnàthach agus èifeachdach a bhith conaltradh ri pàrantan, luchd-cùraim, clann agus daoine òga, gu sònraichte an fheadhainn aig a bheil cnapan-starra a thaobh com-pàirteachadh sa choimhearsnachd ionnsachaidh aca. Tha PB a' toirt dhaoine gu dìreach a-steach ann an co-dhùnaidhean buidseit a bheir buaidh dhìreach air piseach air am beatha. Faodaidh e guth nan sgoilear a neartachadh agus eòlas fìor-bheatha a thoirt seachad air deamocrasaidh ann an gnìomh, a' ciallachadh gum bi daoine òga nas misneachail agus nas gnìomhaich mar shaoranaich. Tha PB a' tabhann deagh fèin-fhiosrachaidhean de chonaltradh, a' neartachadh cultar na sgoile le bhith a' togail deagh dhàimhean. Tha PB ann an sgoiltean na dhòigh shusbainteach, prataigeach agus brioghmhor air còraichean chloinne a thoirt gu buil gus pàirt a gabhail ann an co-dhùnaidhean, agus aig an aon àm a' togail mothachadh mu fheumalachdan na coimhearsnachd san fharsaingeachd.

Ann an 2022, chuir Young Scot ùrachadh air bhog air làrach e-bhòtaidh/buidseataidh chom-pàirteachail, a ghabhas a chleachdadh airson conaltradh coimhearsnachd agus gus leigeil le luchd-ionnsachaidh buaidh a thoirt air co-dhùnaidhean ann an suidheachadh na sgoile aca. Tha e a-nis nas fhasa buileach do dhaoine òga am beachdan a thoirt seachad air prìomh cho-dhùnaidhean, leithid maoineachadh agus prìomhachasan. Cleachdaidh daoine òga àireamh an cairtean sochair Young Scot (Young Scot NEC) gus an aithnich iad dè na bhòtaichean a ghabhas àite nan sgìre fhèin gus an tog iad an guth. A thaobh sgoilearan ann an suidheachaidhean bun-sgoile (agus far nach eil Young Scot NEC aig daoine òga), faodar an làrach bhòtaidh dealain a chleachdadh cuideachd gun àireamh NEC tro bhith a' faighinn àireamhan clàraidh sealach bhon ùghdarras ionadail.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun làrach bhòtaidh Buidseatadh Com-pàirteachail Young Scot an seo: <https://youngscot.net/participatory-budgeting-voting>

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu PB air làrach-lìn PB Scotland aig: <https://pbscotland.scot/pb-in-schools/resources>.

Airson ceistean sam bith cuiribh fios gu [info@pbscotland.scot](mailto:info@pbscotland.scot)







# Aithris mu Bhuaidh

Gus am bithear gu cinnteach follaiseach, bithear a' dùileachadh gun toir sgoiltean seachad mion-fhiosrachadh mu am planaichean Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan agus gun aithris iad gu soilleir air a' bhuidheachas air builean do luchd-ionnsachaidh fo bhuidheachas bochdainn. Bu chòir seo a dhèanamh taobh a-staigh pròiseasan làthaireil aithris an ùghdarras ionadail don Chomhairle Phàrant agus don Fhòram aca, a' gabhail a-steach am Planaichean Leasachaidh Sgoile bliadhnaile agus na h-Aithisgean Inbhean is Càileachd aca.

Feumar na h-aithisgean sin a bhith rim faighinn gu poblach gus an ionnsaich is gus an tuig pàrantan agus luchd-cùraim na tha a' tachairt ann an sgoiltean, agus, far a bheil e iomchaidh, ceasnachadh na tha a' dol nan sgoil a thaobh Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan. Innsidh an t-ùghdarras ionadail dè thachras a thaobh foillseachadh.

Bheir ùghdarrasan ionadail dà aithisg do Riaghaltas na h-Alba air caiteachas PEF aig ìre sgoile:

- A' chiad aithisg, ri crìochnachadh ro dheireadh a' Chèitein, agus i a' glacadh caiteachas PEF air 31 Màrt 2023, còmhla ri caiteachas PEF a chaidh a ghealltainn suas gu 30 Sultain 2023. Bheir seo sealladh nas cinntiche air caitheamh PEF, leis gu bheil earrainnean mòra de thaic le PEF a' dol air cosgaisean luchd-obrach, a bhios mar as trice a' dol fad na bliadhna sgoile.
- Nochdaidh an dàrna aithisg, a chrìochnaichear aig deireadh an Dàmhair, na chosgadh den chaiteachas a chaidh a ghealltainn suas gu 30 Sultain 2023.

Bidh fòcas ann an sgrùdaidhean sgoile agus pròiseasan ath-bhreithneachaidh eile air cho math is a chleachdas sgoiltean an cuid Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan. Tha comharran càileachd ann an '[Dè Cho Math Is a Tha an Sgoil AGAINNE?](#)' 4mh clàr' mar thaic do fhèin-luachadh air soirbheachas na sgoile ann a bhith ag àrdachadh coileanadh agus dòighean far am faod sgoiltean sealltainn mar a shoirbhich leotha ann an toirt cothrom na Fèinne do gach neach-ionnsachaidh gus soirbheachadh. Bithear a' luachadh a' chuspair seo, rè sgrùdaidhean sgoiltean a' cleachdadh [slat-tomhais nan sia puing](#).

Faodaidh e a bhith cuideachail conaltradh eadar ur sgoil agus coimhearsnachdan a bhrosnachadh tro dhòighean aithris tarraingeach agus ùr-ghnàthach, mar eisimpleir; dh'innis cuid de sgoiltean mar a chosg iad am PEF air-loidhne tro Twitter, Sway agus dòighean eile.

A bharrachd air sin, cuirear obair, cleachdadh agus èifeachdas Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan ann a bhith a' dùnadh na beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn aig ìre ùghdarrasan ionadail a-steach do phròiseasan dearbhadh càileachd eile, leithid Measadh Cunnart Co-roinnte Buidheann-sgrùdaidh na h-Alba.

# Buaidh agus Buil

Aig ìre sgoile, tha e deatamach gun cùm ceannardan-sgoile orra a' dèanamh an fheum as fheàrr den dàta a gheibh iad gu h-ionadail gus tuigsinn cò iad a' chlann agus na daoine òga, air an tug bacaidhean ionnsachaidh co-cheangailte ri bochdainn buaidh, a gheibheadh buannachd bho thaic chuimsichte agus gus a bhith a' sgrùdadh agus a' cumail sùil air adhartas luchd-ionnsachaidh thar ùine. Bu chòir do sgoiltean builean soilleir a chur an cèill gus an tèid adhartas agus buaidh a thomhas gu h-èifeachdach. Far am bi e iomchaidh, bu chòir beachdachadh air builean gearr-ùine, meadhan-ùine agus fad-ùine a shuidheachadh gus an gabh adhartas a thomhas thar ùine agus gus dèanamh cinnteach gu bheil dòighean-obrach a chaidh a phlanadh ag adhbharachadh piseach. Tha piseach nàiseanta air misneachd agus neo-mhearachdachd breithneachadh proifeiseanta luchd-teagaisg a thaobh coileanadh ìrean Curraicealaim airson Sàr-mhathais na prìomh phuing ann a bhith a' tomhas adhartas. Gheibhear tuilleadh stiùiridh

mu mheasadh anns na Prìomh theachdaireachdan airson sgoiltean agus na Slatan-tomhais a dh'fhoillsichear ann an 2017.

Leanaidh aithis air adhartas gus a' bheàrn coileanaidh a dhùnadh an dà chuid gu nàiseanta agus gu h-ionadail anns na h-aithisgean fianais Frèam-obrach Leasachaidh Nàiseanta. Bidh cuid de chloinn is dhaoine òga fo bhuidh bochdainn ann far am bi cuid de chlachan-mìle fa leth nas brioghmhor airson tuigse fhaighinn air buaidh thaicean a tha gam maoinachadh tro PEF. Bu chòir do sgoiltean sònraichte agus sgoiltean àbhaisteach le aonad ASN fios a chur do Chomhairliche Coileanaidh an ùghdarras aca airson tuilleadh taic ma bhios feum.



# Goireasan

**Tha pasgan de thaic nàiseanta is ionadail ri fhaighinn gus ùghdarrasan ionadail a chuideachadh gu bhith a' planadh mar a chleachdas iad an Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan.**

Ann an Aithisg Foghlam Alba '[Ionmhas Co-ionannachd Sgoilear: A' coimhead a-steach, a-mach is air adhart: sgaoileadh cleachdadh èifeachdach gus taic a mheudachadh airson luchd-ionnsachaidh agus luchd-obrach](#)' gheibhear goireas feumail a' comharrachadh cleachdadh èifeachdach ann an dòighean-obrach PEF.

[Dùbhlán Coileanaidh na h-Alba – Fèin-luachadh](#) goireas ga dhèanamh airson sgoiltean agus càch a chuideachadh gus tuilleadh pisich a thoirt gu buil aig an àm seo de shlànachadh.

Goireas [Eadar-theachdan airson Co-ionannachd](#) frèam-obrach de dh'eadar-theachdan foghlaim le fianais agus dearbhadh gus dèiligeadh ris a' bheàirn co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh. Gabhaidh am frèam-obrach a chleachdadh leis an luchd-ùidh gu lèir, agus bu chòir dha cuideachadh le fiosrachadh a chur ris na co-dhùnidhean a nì ùghdarrasan ionadail agus sgoiltean. Rinneadh an structar agus an t-susbaint gu bhith sùbailteach agus cumaidh e a' dol ag atharrachadh mar phàirt den [Hub Leasachaidh Nàiseanta](#), far a bheil farsaingeachd de stuthan leasachaidh, fèin-luachaidh agus rannsachaidh rim faighinn agus far am faodar conaltradh mu eisimpleirean de chleachdadh PEF. Bheirear geàrr-chunntasan rannsachaidh eile agus eisimpleirean eadar-theachd a-steach fhathast nuair a bhios iad rim faighinn.

Is ann a tha [Uidheamachd Co-ionannachd na h-Alba: taic do ath-bheothachadh agus luathachadh adhartais](#) do luchd-ùidhe gu lèir a tha an sàs ann a bhith a' lìbhrigeadh Dùbhlán Coileanaidh na h-Alba. Bheir e còmhla, ann an aon àite, beairteas de stiùireadh, stuthan ionnsachaidh proifeiseanta agus eisimpleirean cleachdaidh le cuideam air prìomh chuspairean agus modhan-obrach aig teis-mheadhan coileanadh amasan an SAC.

[Frèam ILA](#) Frèam ILA gus luachadh a dhèanamh air dè cho math is a tha ùghdarrasan ionadail a' leasachadh ionnsachadh, ag àrdachadh coileanadh agus a' dùnadh na beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn.

Uidheam meòrachail do luchd-foghlam, [Ga Dhèanamh Ceart do Luchd-ionnsachaidh gu lèir rè COVID-19](#).

Tha [Uidheamachd Bunait Tochruidh \(EEF\) na h-Alba](#) a' toirt seachad geàrr-chunntas ruigsinneach de rannsachadh foghlaim a rinneadh mar fhiosrachadh do dheasbadan mu na dòighean as èifeachdaiche air coileanadh a leasachadh, le fòcas air clann aois 5-16 agus ana-cothrom bochdainn. Na broinn gheibhear dòighean teagaisg agus eadar-theachdan, gach tè le geàrr-chunntas a thaobh na buaidh chuibheasaich air coileanadh, neart na fianais a bheir taic dhaibh agus a' chosgais. Tha e feumail do stiùirichean agus luchd-obrach foghlaim mar fhiosrachadh do cho-dhùnidhean mu chleachdadh Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan, àrdachadh coileanadh agus leasachadh co-ionannachd. Tha mòran de na dualan a-nis a' toirt a-steach ceistean dùbhlain mar thaic do chòmhradh proifeiseanta. Rinneadh an uidheamachd gus a chleachdadh an co-bhonn ris an raon de dh'eadar-theachdan agus dòighean-obrach a bheirear seachad tron fhrèam gu h-àrd gus conaltradh proifeiseanta a bhrosnachadh agus a neartachadh le làn aire don cho-theacsa ionadail.



Tasgaidh Maoin Coileanaidh na h-Alba ann an sreath de phrògraman nàiseanta air an libhrigeadh tron treas roinn agus buidhnean com-pàirteachais eile gus taic a neartachadh thar an t-siostaim. Libhrigidh gach fear de na ceithir prògraman iomadh pròiseact agus iad a' cur taic ri farsaingeachd iomairtean nàiseanta leithid a bhith a' taisbeanadh àite obair òigridh ann a bhith a' dùnadh na beàrn coileanaidh, obair gus dèiligeadh ri cosgaisean là na sgoile, trusadh bheachdan dhaoine òga agus toirt taic do lìonra cheannardan-sgoile bhiortal. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh gu h-ìosal a thaobh taghadh beag de na pròiseactan:

Tha raon de thaic aig YouthLink Scotland dha sgoiltean mar phàirt den phrògram nàiseanta Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba.

<https://www.youthlink.scot/education-skills/%22>

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun làrach bhòtaidh Buidseatadh Com-pàirteachail Young Scot an seo: <https://youngscot.net/participatory-budgeting-voting>

Ann an aithris ùr-fhoillsichte CPAG Scotland, [Cost of the School Day Ideas Bank](#), chithear dè tha sgoiltean air feadh na dùthcha a' dèanamh gus cosgaisean a lùghdachadh agus dèanamh cinnteach gum faigh gach neach air làn phàirt a ghabhail ann an là na sgoile.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mun ghoireas CELCIS, a tha a' nochdadh obair lìonradh nan Ceannardan-sgoile bhiortail ann an Alba, an seo:- <https://www.celcis.org/our-work/key-areas/education/virtual-school-head-teachers>

Gheibhear [Stiùireadh mu obrachadh leis an treas roinn](#) gus taic a thoirt do sgoiltean gus am feum as fheàrr a dhèanamh de mhaoineachadh le com-pàirtichean eile. Innsidh an goireas seo ciamar a chruthaicheas sgoiltean com-pàirteachasan comasach le buidhnean iomchaidh san treas roinn gus builean a leasachadh do chloinn, daoine òga agus teaghlaichean. Tha an treas roinn ann an suidheachadh sònraichte math airson taic a thoirt do leasachaidhean ann an slàinte agus sunnd agus gus sgilean cosnaidh agus cinn-uidhe luchd-fàgail sgoiltean a leasachadh.

Còmhla ri sgoiltean agus seirbheisean foghlaim, bheir obair òigridh piseach air sunnd, deisealachd ionnsachaidh agus builean foghlaim chloinne is dhaoine òga. Cuiridh luchd-obrach òigridh taic ri luchd-ionnsachaidh ann an sgoiltean agus sa choimhearsnachd san fharsaingeachd. Gheibhear taic cuideachd aig [YouthLink Scotland](#) far a bheil farsaingeachd taic mar phàirt den phrògram nàiseanta air [Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba aca](#). Tha seo a' gabhail a-steach comhairle mu bhith a' cleachdadh PEF gus piseach a thoirt air coileanadh tro obair òigridh, goireasan gus buaidh a thomhas agus eisimpleirean a' soilleireachadh buaidh obair òigridh agus com-pàirteachasan sgoile èifeachdach. Airson tuilleadh fiosrachaidh bruidhnibh ris a' Chomhairliche Coileanaidh agaibh no faighibh fios [an seo](#).

Bheir **Comhairlichean Coileanaidh** seachad comhairle air stèidh ionadail agus roinneil. Faodaidh Comhairlichean Coileanaidh a bhith bunaiteach a thaobh cuideachadh le deagh chonaltradh eadar ceannardan-sgoile, agus le cuideachadh gus an cleachdadh as fheàrr a sgaoileadh, agus stiùireadh a thoirt seachad air planadh, cur an sàs, agus measadh eadar-theachdan èifeachdach ann an sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus Caidreachasan Leasachaidh Roinneil.

Am measg eisimpleirean de seo tha Comhairlichean Coileanaidh:

- ag obair le ceannardan-sgoile, àrd-stiùirichean agus luchd-obrach gus taic a thoirt do cho-phlanadh agus leasachadh mhodhan co-obrachail a thaobh cleachdadh Maoineachadh Co-ionannachd Sgoilearan
- a' toirt comhairle agus taic do cheannardan-sgoile mu phlanadh agus aithris air iomairtean, agus cleachdadh dàta agus fianais luachadh buaidh gus dòighean-obrach soirbheachail agus raointean leasachaidh a chomharrachadh
- a' toirt taic do sgrùdadh air frèaman-obrach agus modhan fèin-luachaidh SAC nan ùghdarras ionadail agus a' toirt seachad comhairle air mar a ghabhadh seo a leudachadh gu bhith a' gabhail a-steach obair co-cheangailte ri Ionmhas Co-ionannachd Sgoilearan agus Maoineachadh Coileanaidh Alba nas fharsainge, a' gabhail a-steach Ionmhas Co-ionannachd Ro-innleachdail agus Ionmhas Chloinne is Dhaoine Òga le Eòlas air Cùram.
- a' comharrachadh chothroman airson co-obrachadh agus cleachdadh innealan conaltraidh air Glow a' gabhail a-steach coimhearsnachd Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba, Teams, Yammer, Sharepoint agus Blogs.

Tha na h-innealan sin uile ann gus am faigh luchd-foghlaim air còmhraidhean a chumail air-loidhne, ceistean fhaighneachd, freagairtean a sgaoileadh, bruidhinn air beachdan, cothrom fhaighinn air stuthan stòrais a bharrachd agus eisimpleirean de chleachdadh a cho-roinn thairis air Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba, le comas air còmhraidhean cunbhalach a chumail agus luchd-cleachdaidh a cheangal agus lionradh gu tèarainte far a bheil feum air.

### Stiùireadh air Planadh Leasachaidh Sgoile

a' gabhail a-steach aithris Inbhean agus Càileachd bho Fhoghlam Alba. Bidh ùghdarrasan ionadail cuideachd a' tabhann am pasganan taic fhèin do sgoiltean gus an cuideachadh le planadh mar a chleachdas iad an t-ionmhas gu h-èifeachdach.

- Gheibhear barrachd stiùiridh airson Bun-sgoiltean agus Tràth-ionnsachadh agus Cùram Chloinne an seo: <https://education.gov.scot/media/0qid0vsw/data-guide-primary-and-elc.pdf>
- Chithear stiùireadh àrd-sgoiltean an seo: <https://education.gov.scot/media/ca3c2gki/data-guide-secondary.pdf>

Riaghaltas na h-Alba, Ògmhios 2023



© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2023



Tha cead aig an fhoillseachadh seo fo chumhachan an Open Government Licence v3.0 ach a-mhàin far an canar a chaochladh. Gus an cead seo fhaicinn, thigibh gu [nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3](https://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3) no sgrìobhaibh gu Sgioba Poileasaidh Fiosrachaidh, Na Tasglannan Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no post-d: [psi@nationalarchives.gsi.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gsi.gov.uk).

Far an do chomharraich sinn fiosrachadh còir-lethbhreac treas-phàrtaidh feumaidh sibh cead fhaighinn bho luchd-glèidhidh na còir-lethbhreac sin.

Gheibhear am foillseachadh seo aig [www.gov.scot](http://www.gov.scot)

Bu chòir ceistean sam bith mun fhoillseachadh seo a chur thugainn aig Riaghaltas na h-Alba  
Riaghaltas na h-Alba  
Taigh Naoimh Anndrais  
Dùn Èideann  
EH1 3DG

ISBN: 978-1-80525-650-2 (lìn a-mhàin)

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, Ògmhios 2023

Riochdaichte airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NAPPDAS1264442 (06/23)